

## Bòrd MG ALBA

Oifis MG ALBA, Steòrnabhagh  
Diardaoin 25 Gearran 2016, 1100-1430

### Dreachd geàrr-chunntas

**Bòrd:** Magaidh Choineagan (sa Chathair) Jo NicDhòmhnaill  
Dùghall MacAmhlaigh Donaidh MacAmhlaidh  
Daibhidh Brew Iain Stephen Moireasdan  
Alasdair MacCaluim

**Luchd-obrach:** Dòmhnall Caimbeul (Àrd-Oifigear)  
Niall M. Greumach (Stiùiriche Ionmhais)  
Chris Dòmhnallach (Stiùiriche Obrachaidh)  
Màiri Anna NicAonghais (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

**An làthair:** Mairead Màiri Mhoireach (Ceannard Seirbheis)

### Gnothaichean a' Bhùird

#### 1 Buill a-mhàin

Chaidh còmhradh prìobhaideach a chumail le Buill a' Bhùird agus an t-Àrd-Oifigear.

### Gnothaichean gnàthach

#### 2 Leisgeulan

Buill: Catriona Nic a' Phì

Oifigearan: Alan Esslemont; Iseabail Nic an t-Sagairt.

#### 3 Gnothach Dearbhte

- Alasdair MacCaluim – a' gabhail pàirt ann am prògram sci-fi le Radio nan Gàidheal

- Jo NicDhòmhnaill –eadar-theangachadh airson làrach lìn a’ BhBC; Beag air Bheag leis a’ BhBC; pròiseact cogaidh leis a’ BhBC agus a’ toirt taic leis a’ phrògram Port
- Iain Stephen – a’ gabhail pàirt ann am prògram le mactv

**4 Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh: 26/11/15 & coinneamh shònraichte air 21/12/15**

Aontaichte.

**5 Gnothaichean ag èirigh**

Bha Buill riarachtaichte gun gabhadh an Stiùiriche Leasachaidh & Co-bhanntachdan ballrachd air “Scottish Council for Development & Industry (SCDI)” airson amasan na buidhne airson na roinne neo-eisimeileach a thoirt air adhart.

**Gnothaichean a’ Chathraiche / Aithris an Àrd-Oifigeir**

**6 Fios bhon Chathraiche**

BBC

Dh’innis an Cathraiche gum biodh am BBC a’ gabhail uallach iomlan pasgain a’ BhBC bho 2017/18 agus 75% airson na bliadhna ionmhais 2016/17.

Coinneamhan

Chaidh innse gum bi an Cathraiche agus an t-Àrd-Oifigeir a’ coinneachadh ri Rùnaire na Stàite airson Alba, John Whittingdale, agus ris a’ Mhorair Forsyth air 9/3/16.

Inbhe na buidhne

Chaidh còmhradh a dhèanamh gum biodh e cuideachail nam biodh inbhe nas àirde aig a’ bhuidheann ann am pàipearan nàiseanta. (Gnìomh: DC)

**7 Aithisg an Àrd-Oifigeir**

Bha pàipear air beulaibh Bhall agus chaidh deasbad a chumail. Chaidh innse nach robhas air soilleireachadh fhaighinn fhathast bho Riaghaltas na h-Alba mu dè am buidseat a bhiodh aig a’ bhuidheann an ath-bhliadhna. Chaidh aontachadh gum biodh ceist sa phàrlamaid (parliamentary question) feumail agus dheigheadh sin a chuir ron cho-labhairt craolaidh air 15/3/16, far am biodh Alasdair Allan, BPA, an làthair. (Gnìomh: DC)

## **8 Ro-innleachd seanail**

Bha pàipear air beulaibh Bhall agus chaidh deasbad a chumail. Chaidh aontachadh gun tigeadh pàipear susbainteach a thaobh ro-innleachd na seanail mu choinneamh a' Bhùird aig coinneamh na Sultaine, le molaidhean a thaobh ùrachadh Aonta na Co-bhanntachd, ma tha sin iomchaidh. (Gnìomh: DC)

Chaidh aontachadh gum biodh an tuilleadh rannsachaidh co-cheangailte ri ciamar a tha luchd-amhairc a' coimhead prògraman BBC ALBA feumail. (Gnìomh: DC)

Chaidh aontachadh gum biodh e feumail nan deigheadh FAQ a dhèanamh mun chuspair Fo-thiotalan. (Gnìomh: IMT)

## **9 Buidseat & Plana-obrachaidh 2016/17**

Bha pàipear air beulaibh Bhall agus chaidh deasbad a chumail. Chaidh innse gu robhas a' feitheamh daingneachadh bho Riaghaltas na h-Alba air ìre buidseat MG ALBA airson 2016-17. Chaidh Plana Obrachaidh, stèidhichte air £11.8m, aontachadh leis a' Bhòrd san Dùbhlachd, agus chaidh sgrùdadh a dhèanamh air le Ofcom.

## **10 Ro-innleachd Maoineachaidh 2017-2021**

Bha pàipear air beulaibh Bhall agus chaidh deasbad a chumail. Sa chòmhradh, chaidh innse gu bheil Cùmhnant Eòrpach airson Cànanan Roinneil no Mion-chànan ri ùrachadh ann an 2017. Chaidh aontachadh gum biodh e feumail seo a chuir fa chomhair Riaghaltas Lunnainn agus Riaghaltas na h-Alba ag innse gum bi iad a' tighinn fo sgrùdadh eadar-nàiseanta le "Comataidh nan Eòlaichean". Tha ìre dleistanais airson na Gàidhlig nas lugha na tha e airson Cuimris agus dh'fhaodadh iomairt poilitigeach airson co-ionannachd a chuir an sàs. Chaidh aontachadh còmhradhean a chumail le Ball neo-eisimeileach na h-Alba. (Gnìomh: DC)

## **11 Ro-innleachd Solarachaidh 2017-2021**

Bha pàipear air beulaibh Bhall agus chaidh deasbad a chumail. Chaidh innse gu robh cùmhnantan nam pasgan a' tighinn gu crìoch aig deireadh an Òg-mhìos 2017. Chaidh an cuspair cuideachd a dheasbad aig coinneamh na Co-bhanntachd air 19/2/16.

Chaidh aontachadh barrachd chòmhradh a chumail agus gun deigheadh coinneamh shònraichte, air fòn ma dh'fheumas, a chumail nam biodh sin iomchaidh. (Gnìomh: MAMI)

## Gnothaichean Riaghlaidh

### 12 Fios bho Chathraiche Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh

Thug Cathraiche na Comataidh iomradh air na cuspairean, a thuilleadh air na cuspairean a bha air a' chlàr, a chaidh an deasbad aig coinneamh air 4/2/16.

### 13 Fios bho Chathraiche Comataidh Inbhean

Thug Cathraiche na Comataidh iomradh air a' choinneamh a chaidh a chumail air madainn 25/2/16.

### 14 Measadh Chunnartan

Bha clàr nan cunnartan agus pàipear fiosrachaidh air beulaibh bhall, a' mìneachadh dà chunnart ùra agus ath-sgrùdadh air dhà eile agus chaidh deasbad a chumail.

Chumar còmhradh mu chleachdadh an iPlayer, agus gu h-àraid dè dh' fhaodadh a bhith air cùlaibh tuiteam sna h-àireamhan ann an 2015. Chaidh aithneachadh gun robh dìth gu leòr phrògraman ùra mar adhbhar chudromach ann an àrainneachd a bha air fàs cho farpaiseach.

Chaidh moladh do dh' oifigearan ionmhais a bhith mothachail air foill air-loidhne (Cyber fraud).

Chaidh còmhradh a chumail air a cheist am bu choir an referendum air ballrachd na RA san Aonadh Eòrpach a bhith air a chomharrachadh mar chunnart.

### 15 Aithisgean air leth

Fo Riaghailt A.4.5, Riaghailtean Ionmhasail, bha pàipear bho oifigearan le fiosrachadh mionaideach agus moladh bhon Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh (4/2/16) a' sireadh aonta ri meudachadh buidseit mar a leanas:

- Rannsachadh 19%.
- Trèanadh gnìomhachais 13.43%.
- Rianachd seanail 18.05%
- Trèanadh luchd obrach is bhall 79%

Chaidh gabhail ris a' mholaidh, agus chaidh comhairle a thabhann a mar a thigeadh leithid de chuspair a làimhseachadh bho seo a-mach. Dheigheadh coimhead ri barrachd cuideam a chur air ròl Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh.

**16 Dèanadas Plana-obrachaidh 2015/16**

Bha pàipear air beulaibh Bhall agus bha buill riarachtaichte ri ìre coileantachd amasan.

**17 Fèin-mheasaidhean a' Bhùird**

Chaidh aontachadh gun rachadh fèin mheasadh a chumail. (Gnìomh: DC)

**18 Cùmhnantan airson aonta a' Bhùird**

Cha robh gin ann airson a' chairteal seo.

**19 Sgrùdadh air Sgeama Tiomnachaidh**

Bha pàipear air beulaibh Bhall agus chaidh deasbad a chumail. Chaidh na leanas aontachadh:

- An Sgeama Rianachd a bhith fa leth bhon Sgeama Tiomnachaidh
- Gum bi Riaghailtean Ionmhasail MG ALBA mar ghnothach tiomnaichte gu Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhaidh
- Gum bi ùghdarras aig Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhaidh atharraichean aontachadh ann am buidseatan, mu bhios na h-atharraichean sin seachad air ùghdarras an Àrd-oifigear, agus mu bhios iad taobh a-steach crìochan ionmhasail aontaichte, bho àm gu àm leis a' Bhòrd
- Gum bi ùghdarras air Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhaidh thairis air an Sgeama Rianachd
- Gun dèan Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhaidh aithris dhan Bhòrd gach turas a tha iad a' cleachdadh na h-ùghdarrasan seo.

**20 Sgrùdadh air Gnàth-riaghailtean**

Bha pàipear air beulaibh Bhall agus chaidh deasbad a chumail. Chaidh aontachadh na leanas a chur riutha:

- Ag ainmeachadh Public Contracts Scotland Act 2012 "(as updated by any subsequent amending legislation)"

- A' toirt an Sgeama Rianachd & Na Riaghailtean Ionmhasail a-mach às an liosta de gnothaichean nach urrainn an tiomnachadh. Rachadh briathran a thaobh quorum atharrachadh ge-tà airson dèanamh cinnteach gur e an làn chomataidh a dh'fheumadh a bhith a' cleachdadh an ùghdarras sin:

*“To make any such amendments the Audit & Assurance Committee must have approval of all Committee Members”.*

- Mìneachadh air facal ‘Secretary’
- Mìneachadh air facal ‘Quorum’.
- Comas a bhith an làthair air ceann fòn no co-labhairt bhideo
- A' toirt clàr choinneamhan a-mach à gnothaichean glèidhte a' Bhùird  
Dh'fheumadh a bhith mothachail air comhairle Ofcom. (Gnìomh: DC)

## **21 Ùidhean Bhall**

Bha pàipear agus nota comhairleachaidh air beulaibh Bhall. An dèidh moladh no dha, bha Buill riarachaidh leis. Chaidh aontachadh Còd Giùlain nam Ball a chuirteachadh air Ofcom. (Gnìomh: DC)

## **22 Saorsa Fiosrachaidh**

Bha pàipear air beulaibh Bhall. Chaidh deasbad a chumail agus bha Buill riarachaidh.

## **23-26 Pàipearan Fiosrachaidh**

Chaidh iad seo an comharrachadh.

## **27 GISBE**

Bha dùil gum biodh BBC ALBA a' gluasad gu seanail 7 air Freeview sa Mhàrt. Bhiodh cinnt faisg air deireadh na mìos.

Chaidh meal-a-naidheachd a chuir mu choinneimh soirbheas FilmG.

B'i seo a' choinneamh mu dheireadh aig Alasdair MacCaluim. Chaidh taing mhòr a thoirt dha às leth a' Bhùird airson obair dhìcheallach agus ionmholta agus airson a bhith na thosgair airson na Gàidhlig. Chaidh gach maith a bhuileachadh air a' dol air adhart.

Broadcast magazine – chaidh aontachadh gur e leth-bhreac cruaidh den iris a bu mhiann le Buill.

Fèis nam Meadhanan Ceilteach – nuair a dheigheadh clàr na fèise fhoillseachadh, chuireadh Ball sam bith ùidh fios ma bha iad airson a bhith an làthair. (Gnìomh: MAMI)

**28. Deit na h-ath choinneimh: 26/5/16, Steòrnabhagh**

*Ainm sgrìobhte a' Chathraiche:*

*Deit:*